



## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



6"



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

**CIHM  
Microfiche  
Series  
(Monographs)**

**ICMH  
Collection de  
microfiches  
(monographies)**



**Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques**

**© 1993**

**Technical and Bibliographic Notes / Notes techniques et bibliographiques**

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

Coloured covers/  
Couverture de couleur

Coloured pages/  
Pages de couleur

Covers damaged/  
Couverture endommagée

Pages damaged/  
Pages endommagées

Covers restored and/or laminated/  
Couverture restaurée et/ou pelliculée

Pages restored and/or laminated/  
Pages restaurées et/ou pelliculées

Cover title missing/  
Le titre de couverture manque

Pages discoloured, stained or foxed/  
Pages décolorées, tachetées ou piquées

Coloured maps/  
Cartes géographiques en couleur

Pages detached/  
Pages détachées

Coloured ink (i.e. other than blue or black)/  
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)

Showthrough/  
Transparence

Coloured plates and/or illustrations/  
Planches et/ou illustrations en couleur

Quality of print varies/  
Qualité inégale de l'impression

Bound with other material/  
Relié avec d'autres documents

Continuous pagination/  
Pagination continue

Tight binding may cause shadows or distortion  
along interior margin/  
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la  
distortion le long de la marge intérieure

Includes index(es)/  
Comprend un (des) index

Blank leaves added during restoration may appear  
within the text. Whenever possible, these have  
been omitted from filming/  
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées  
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,  
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont  
pas été filmées.

Title on header taken from:/  
Le titre de l'en-tête provient:

Additional comments:/  
Commentaires supplémentaires:

Title page of issue/  
Page de titre de la livraison

This item is filmed at the reduction ratio checked below/  
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

Caption of issue/  
Titre de départ de la livraison

| 10X | 14X | 18X | 22X | 26X | 30X |
|-----|-----|-----|-----|-----|-----|
| 12X | 16X | 20X | 24X | 28X | 32X |

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:



National Library of Canada

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol → meaning "CONTINUED", or the symbol ▽ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

Bibliothèque nationale du Canada

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole → signifie "A SUIVRE", le symbole ▽ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

# LAOIDHEAN SPIORADAIL,

LE

## DUGHALL BUCHANNAN.

---

"Gabhadh focal Chriosd comhnuidh annaibh gu saidhbhir san uile ghliocas; a teagasc agus a' comhairleachadh a' cheile le salmaibh, agus laoidhibh, agus danaibh spioradail a' deanamh ciuil do'n Tighearna le gras ann bhur eroidheachaibh." — Col. iii 16.

---

MONTREAL:

PRINTED BY J. STARKE & Co.

1836.

L A

C  
Ch  
The  
Far

Uai  
Nec  
Nec  
'S f

Cha  
O si  
Cha  
Oir

'N u  
Bid  
'S g  
Le'

'S m  
Grad  
Roin  
'S le

## LAOIDHEAN SPIORADAILE.

### MORACHD DHE.

Cion e Dia, no ciod e Ainm ?  
Cha tuig na h Aingle 's aird 'n gloir ;  
Tha e 'n solus dealrach foluicht uath,  
Far nach ruig suil na smuain na choir.

Uaith fein ata a Bhith a sruth' ;  
Neo-chruthaichte ta uile Bhuaibh ;  
Neo-chriochnaichte 'n a nadur fein ;  
'S fein dhiongmhálta ga 'n cumail suas.

Cha robh e og is seau cha bhi ;  
O shior' gu sior gun chaochladh staid ;  
Cha tombais Grian no Gealach aois ;  
Oir 's nithe caochlach iad air fad.

'N uair thaisbeanas e ghloir no ghras,  
Bidh la neo-bhasmhòr teachd o shuil ;  
'S grad chuiridh sluagh nan neamhadh ard  
Le 'n sgiathaibh sgnile air an gnuis.

'S ma thaisbeanas e ghnuis an gruaim,  
Grad sgaoilidh uamhunn feadh nan speur ;  
Roimh' achmhasansa teicbidh 'n cuan,  
'S le geillt-chrith gluaisidh 'n cruinne ce.

Ta oibre naduir searg 's a fas,  
 O chaochladh 'ta 'ad gu caochladh ruith :  
 Ach uile thionnsg'ans 'ta'd 'nan aon,  
 Gun traogh no lionadh air a Bhith.

'Ta aingle 's daoin' do neo-ni dlu ;  
 A' bhrú o'n d'thainig sinn gu leir,  
 Ach iomlaineachd o shiorrui'chd ta,  
 Neo-chriochanach 'na nadur fein.

'N uair chualadh Neo-ni guth a bheil,  
 Ghrad leum na bith a chruitheachd mhor,  
 An cruinno so le uile lan,  
 'Sna neamhadh ard le'n uil shloigh.

'N sin dh' fheuch air oibrichibh gu leir,  
 'S gach creutair, bheannuich e 'nan staid,  
 'S cha d' sheum ath-leasachadh air ni,  
 A measg a ghníomhara air fad.

Air clar a dhearn tha dol mu'n cuairt  
 Gach reult a ghlúiniseas ann san speur ;  
 An cruthach gu leir tha 'stigh 'na ghláic,  
 'S a deanamh thaic da ghairdean trenn.

Cia chuartuicreas do Bhith a Dhe !  
 An Doimhne shluig gach reusan suas ;  
 'Nan aoirpibh tha aingle 's daoin  
 Mar shligibh maoraidh glacadh chuain.

O bhithbhuantachd tha thusa a' d' Righ,  
 'S ni bheil san t-saogh'l s' ach ni o'n de ;  
 O 's beag an eachdruidh chualas diot,  
 'S cha mhor do d' ghníomh ata suidh'n ghréim.

**Ge-d' thionndadh ghrian gu neo-ni ris,**  
**'S gach ni sa chuairet u soluis mhoir;**  
**'S eo beag bhiodh d' oibre 'g iundrain uath,**  
**'S bbiodh'n cuan ag iundrain sileadh mbeoir :**

**An cruthach cha dean le uile ghloir,**  
**Lan-fhoillseachadh air Dia nam feart,**  
**Cha 'n 'eil 's na h-oibre ud gu leir,**  
**Ach taisbein carlais air n heart.**

**Le'r tuigse thana 's diomhain duinn**  
**Bhi sgrudadh chlainn ata gun chrioch ;**  
**An litir 's lugha dh'aum ar De,**  
**Ie tuille 's luchd da 'r reusan i.**

**Oir ni bheil dadum cosmhuil riut**  
**Am measg na chruthaich thu gu leir,**  
**'Sa measg nan daonra ni bheil cainnt**  
**A labhras d' aium ach d'fhoical fein.**

## FULANGAS CHRIOSD.

**Sa fulangas mo Shulmini-shear**  
**A bbios mo Dharmas inidh,**  
**Mor-rioslaechd nu ar-bhligh sin**  
**Na bhroith 's na bhruaich ehrnaidh,**  
**'Se 'n t-ioagan 's do ghlac an bhruilich**  
**Chuaidh innseadh do shluagh;**  
**An Dia bha ant idheachd,**  
**Bhi fas na chiocht gh.**

'N uair ghabht' am broinn na h-oigh' e ;  
 Le comhnadh Spioraid De,  
 Chum an Nadur Daonna sin,  
 A dheanamh aon ris fein ;  
 Ghabh e sgail mu Dhiadhuigheachd ;  
 'S don BHRIATHAR dhearnadh feoil,  
 Is dh' fhöillsich' an run diombair sin,  
 Am pearsa Chriosd le gloir,

Rugadh 'n stabull diblidh e,  
 Mar dhilleachdan gun treoir ;  
 Gun neach a dheanadh cairdeas ris,  
 No bheireadh fardoch dho,  
 Gun mhuinnitir bhi 'ga fhriothaladh,  
 No uidheam mar bu coir :  
 Ach eich is daimh ga chuaireachadh  
 D' an dual gach uile ghloir.

Mu'n gann bba fios gu'n d' thainig e,  
 Do dhuisg' dha naimhde mor :  
 B' eidir teich' don Ephaid leis,  
 Righ Herod bh'air a thoir,  
 Is e eo naimhdeil dioghaltach  
 Chum Iosa chur gu bas ;  
 'S gun mharbhadh leis gach cioncharan  
 A bba na riogh'ehd gun dail.

Bha tuill aig na sionnachaibh  
 Ga'm falachadh o theiunn,  
 Bha nid aig na h-eunlaithe  
 An geuga ard na'n crann ;

Ach Esan do rinn uile ind,  
 'S gach ni sa' chruinne che,  
 Bha e fein na fhogarach,  
 Gun chomhnuidh aig fuidh 'n ghrein.

Am seadh 'sa ghabh an Slanui-fhear  
 Mar ionad taimh an saogh'l,  
 Mar leigh ro iochdmhar fabharach  
 Bha leigheas clann nan daoin :  
 'N aon eugail riabh bu ghabhuidh bh 'ann,  
 'S gach galar craiteach geur,  
 Do thionndadh e chum slanuchadh  
 'N uair labhradh e o bheul.

Thug teanga do no balbhanaibh,  
 'S don bhacach mhall a lugh,  
 Do 'n bhodhar thug se chlaistineachd,  
 'S do dhaoine dall an iu!,  
 Na lobbair bbreun do għiexx leis,  
 Cur fallaineachd nam feoil :  
 Is leighis gach eugail anama e,  
 S na mairbh do thug se beo.

Do shearmonaichedd an soisgeul leis,  
 Do dhaoine boċċda truagh ;  
 Is gheall e saorsa shierruidh dhoibh  
 Bha 'n glais faoi chis ro chruaidh :  
 Na'n gaibhte ris an fhirinn leo,  
 Le creidimh fiorġħlan beo,  
 'S gu 'm biode iad air an iompuchad  
 'O għniomħaraibb na feol.

Lean buidheann tur don fhasach e,  
 Is dh'fhan tri la na choir,  
 Cuig mile bha do dh'aireamh ann  
 Bh'air failneachadh chion loin :  
 'N ro bheagan thuair iad bheannuich e,  
 'N da insg 's cuig urain corn,  
 'S do ithendh gus an d' shasuich iad  
 Is dh' fhang iad ni bu leoir.

Do chaisgeadh onfadhl cuaine lein,  
 'S a tonnadh uaibhreach mor,  
 A ghaoth re laidir bhunidhreasach,  
 Do chuairtich e na dhorn :  
 Ach aithris air gach miorbhuale,  
 Rinn Iosa ann san fheoil,  
 Cha chumadh 'n saoghal do sgribbinibb,  
 Na dh'inseadh e gu leoir.

Ach 'n uair bha n' tam a' dluthach ris  
 Gu'n siubhladh e chum gloir,  
 Ghairm e thuige dheiscobuil,  
 Is dheaslich e dhoibh lon :  
 Chuir e sios nan suidhe iad  
 'S gach uidheam air a bhord ;  
 Aran 's fion do riuruich orr,  
 Bha ciallach fhuil is fheoil.

Thug e sin mar ordugh dhoibh  
 Bhi 'n comhnuidh aq gu brath,  
 A dh' shoillseachadh mhor-shulangaic,  
 Do dh' fhuiling air an ega ;

Gu 'n itheadh is gu 'n oladh iad  
 Do dh' fheartaibh mor a ghraidh,  
 'S gu 'm bithidh e mar chuimbneachan,  
 Aig a mhuinnitir air a bhas.

'N uair thainig chum a gharaidh e,  
 Do bhi a chradh ro mhòr :  
 'N uair fhuair e 'n cupan feirge sin,  
 Bha oillteil searbh r'a ol.  
 Air ghoil bha chuisle craobhachasan  
 Tre chorp ro naomh 'gu fhasg ;  
 Na fhallas fola baronadh 'mach  
 Tre aodach air an lar.

'N sin thuit e air a ghluimibh sios  
 Ag deanamh urnuigh gheur,  
 "Athair chaomh ma's comas e  
 An deoch so cuir uam fein ;  
 Ach so a' chrioch mun d' thainig mi,  
 Gu 'n sabhalain mo threud,  
 Mar sin ni iarram fabhar, ach  
 Do thoil gu brath bhi deunt."

Be sud an cupan uamhunnach  
 Do fhuair e ann 'nu laimh ;  
 Peacadh 'n t-saoghal ga chuaireachadh  
 'S gach duais a bhluineadh dha.  
 Na dh'fhuil' geadh'n saoghal ga siorruidheachd  
 Do phiantaibh is do chraiddh,  
 Chaidh sud a leagadh comhladh air,  
 'S an deoch ud dh' ol an ait.

B'e 'n Diabh'l a shealbhui ch Iudas sin,  
 Le chridhe dubailt' fiar;  
**A**n cealgóir sanntach lubach ud,  
**A**chuir dubh-chul re Dia:  
**A**n troiteir reic a Shlanuifhear,  
 'S a mhaighsdir gradbach-fein,  
 Is bhrath da naimhde basmhor e,  
 Fuidh chairdeas pog a bheul.

An sin do rinn iad priosanach  
 Do dh' Iosa gun chionfadh,  
 Is thug iad dh' ionnsuieh Philat e,  
 Gu 'n diteadh e chum bais:  
 Do dhit am breitheamh eucorach  
 Le fiadhuis bhreig an Ti,  
 Bha choguis fein ag innseadh dha  
 Bhi dithchiontach is fior.

Do cheangail agus sgiurs' iad e,  
 Le buillibh druitech geur,  
 An fheoil o'n chnamh do ruisgeadh leo  
 Na meallaibh bruit gu leir,  
 A chorp ro naomh do mbilleadh leo  
 'S a chreuchda sileadh sios;  
 An fhuil le'r cheannachadh 'n saoghal so  
 Gun sgaoinn bhi dhith na pris,

Do rinneadh crun don sgitheach leo,  
 'S do d'fhith iad e gu teann,  
 Chur tuille pian is naire air,  
 Do sparr iad e mu cheann;

'Na cheann a steaeh do bhuaileadh le,  
 Na bioradh cruaidh ro gheur,  
 Is aghaidh ghloirmhor d' fholach iad  
 Le 'n sileabh salach breun.

'N uair chuir iad an crun narach air  
 Ro chraiteach goirt do bhi,  
 Do sgeudaich iad le sgarlaid e  
 'S chuir slat 'na laimh mar Righ ;  
 Is labhair iad gu sgallaiseach  
 A' fanoid air an Ti,  
 "Faillte Righ nan Iudhach dhuit,"  
 Le 'n glun ga chromadh sios.

Le 'm fairneart mhoir do eigneich e  
 Chrann ceusaidh thogail suas,  
 Ge bu chruidh sud b, fheudar e  
 Bhi 'g geilleadh dhoibh san uair :  
 A chuisleadh caomh ag traoghadh as,  
 'S a neart ga fhasgadh uaidh,  
 A' direadh 'n t-sleibh ga sharuch, gu:  
 An d' fhailnich e fo 'n chual.

Sios air an leabuidh dhoruinnich,  
 Le dheoin do luigh e fein,  
 Ruisgt' air a chrann do shineadh e,  
 S' gach allt dheth spion o cheil :  
 A chorp ro naomha beannuite,  
 Do cheangail iad gu teann,  
 Le tairnibh 's ord ga 'n sparradh and,  
 Gu daingion ris a chrann.

An crann an sin do dhirich iad,  
 Is Iosa thog air suas;  
 Air na tairnibh chrochadh e  
 Le dochann tha do-lusaidh;  
 A chudthrom fein a' reubadh as  
 Gach creuchd na chois 's no laimh,  
 Is fhuil ro phriseil naomhasan  
 Ga taomadh sios gu lar.

Ge bu mhaslach craiteach leis  
 Am bas do dheilbheadh leo;  
 Aon ghearan riamh cha d' thainig uaidh  
 An aghaidh naimhde mór;  
 Ach 's ann a ghabh e 'n leith-sgeulsan,  
 Ga 'n teasairgin gu fior,  
 "O Athair thoir dhoibhli maitheana,  
 Ta'id aineolach nan guiomh."

Chuaidh dibhlearg Dhe a thaomadh air  
 Gach uile thaobh mu'n cuairt,  
 Gnuis a ghráidh do dh'fholach air  
 Is thionndadh solus uaidh;  
 Do dh'eigh e fo na pianntuidh sin,  
 "Mo Dhia ! Mo Dhia na treig !  
 Na ceil do gnuis ro fhabháraoh,  
 'S na sag mi annlam fliem."

Na 'n rachadh an trom-dhioghais <sup>od</sup>  
 Do ghiulain Ios' e fein,  
 Leag air a' chinnseadh daonna sin  
 'S na h-aingle naomh le chéili;

Do chasgradh ann a momaint bhig,  
 Na Sloigh ud leis gu leir :  
 Am braon bu lugh' da fhlangas  
 Do loisgeadh 'n cruinne ce.

Do dh'orduich Dia nan sluagh an sin,  
 Iad theachd mu'n euairt don t-sliabh,  
 Gach uile nadur reusantadh,  
 Do rinn e fein o chian ;  
 'S gu 'm facite ghaol da chreutairibh  
 So do bheusaibh pheacaidh fhuath,  
 Ann san fheirg do thaomaich e  
 Air mac a ghaoil san uair.

'Se so bu chainnt da fhlangas,  
 "Nis tuigibh uile shluagh,  
 Nadur screitidh pheacaidh sin,  
 'S am dhoruinn faicibh dhuais ;  
 Is nadur teann a cheartais sin,  
 Do ghlac mi as leith cliaich ;  
 Nach maith dhomh bonn do 'm fiachasa,  
 'S nach diol le ach mo bhas."

Bha 'm bas nd malluicht' piantachail,  
 Ro ghuineach dio'ltach doigh ;  
 Ro chraiteach narach fadalach,  
 'S e teachd neo-ghrad na choir :  
 Bu ni ro oilteil uamhusach,  
 Seachd uair' bhi'n crochadh beo,  
 Air feitheadh chuirp gan spionadh as,  
 Co dh'fheudas innse a leon !

Bha briogh a chuirp air tiormachadh  
 An amhuian feirge De :  
 'S a chridhe cairdeil firinnceach  
 Ag leagha sios mar cheir :  
 A theanga lean r'a ghialaibh-san,  
 Bha riainh am pairt a shluaign ;  
 Is fairneart n'ar geur-phianuta sin,  
 A sniomha anama uaidh.

A fhraodhare għlan do dhfħailnich air,  
 'S mar għlqin do dhifhas a shuil ;  
 Bha feithendh chridh a bristeadh aig,  
 'S bħragħwid elisgeadħ dlu :  
 A għnus bu aille snnadh is dreach,  
 Do thionnda uaine li ;  
 Air leam gu'm faic roi ealghris air  
 Cur a chath shearbh gu crich.

Air leam gu 'm faic mi chreuchdasan,  
 Mar reub na teirne fħeoil ;  
 An fuil fas dubh aig ragħadħ umps ;  
 Sior lagħiż air a threoir ;  
 Dreach a bhais a tional uim' :  
 'Se dealachadh r'a sgiamh ;  
 Ar leam gu 'n cluun mi 'g osnaich e ;  
 'S a philogħi bha 'na chliabb.

Fa dħiereadħ labhair Iosa riu,  
 "Tha mi an iota mħor :"  
 Għabb domblas agus fiongeur iad,  
 'S deoħ shin iad dha r'a ol,

'N sin dubhairt, "Tha e criochnuichte  
 Gach ni ghabh mi 'os laimh."  
 'S le sgairteachd gheur do ghlaodh e'mach  
 Is chlaon e cheann gu bas.

Be sud an glaodh bha cruadalach,  
 Do chual e 'n cruinne ce ;  
 Gach creug air talamh agcalbadh leis,  
 'S na mairbh do chlisg gu leir :  
 Do thiondadh ghrian gu dorchadas,  
 Is chaochail colg gach ni,  
 Bha chruiitheachd mar gu 'm basaich i,  
 'S i tarain chum a crich.

Na flaitheas bha riamh solasach  
 'S gach sluagh bha subhach shuas,  
 San am sin rinneadh bronach iad,  
 'S an ceol do leig iad uath ;  
 Re faicsin dhoibh an Ughdaир ac,  
 'San uir ga leagadh sios,  
 'S am bas a bhi ga cheangalsan  
 Thug anam do gach ni.

## LA A BAREITHEAMHNAIS.

AM feadh 'ta chuid is mo don t-saogh'!  
 Gun ghaol do Chriosd, gun sgoinn da neachd,  
 Gun chreideamh ac gu'n d'thig e ris,  
 Thoirt breith na firinn air gach neach.

An codal peacaidh 'ta'd nan suain,  
 Ag bruadar pailteas do gach ni :  
 Gun umhail ac n' uair thig am bas,  
 Nach meal iad Parras o'n ard Riogh.

Le cumhachd d'fhocail Dhe tog suas,  
 An sluagh chum aithreachais na thra.  
 Is beannuich an Dan so do gach neach,  
 Bheir seachad eisteachd dha le gradh.

Mo smuaintidh talmhuidh Dhe tog suas,  
 'S mo theanga fuasgail ann mo bheul ;  
 Do chum gu 'n labhrainn mar bu choir,  
 Mu ghloir smu uamhunn latha Dhe.

Air meadhon oidhech' n'uair bhios an saogh',  
 Air aomadh thairis ann an suain ;  
 Grad dhuisgear suas an Cinneadh Daoin,  
 Le glaodh na trompaid 's airde fuaim,

Air neul ro ard ni fhoillseach fein,  
 Ard aingeal treun le trompaid mhoir ;  
 Is gairmidh air an t-saogh' l gu leir,  
 Iad a ghrad eiridh chum a mhoid :

" O cluinnibhs' uile chlann nan daoin,  
 Do thainig ceann an t-saogh' l gu beachd ;  
 Leumaibh 'nar beatha sibhs 'ta marbh,  
 Oir nis gu dearbh 'ta los' air teachd."

Seididh se le sgáil eo chruidh,  
 'S gu 'n cuir é sleibhte 's cuain nan ruith ;  
 Clisigidh na bhios marbh san uaigh,  
 Is na bhios beo le h-uamhunn erith.

Le h-osaig dhoinionnaich a bheil,  
 An saogh' so reubaith se gn' gurg,  
 'S mar dhun an t-seangain dol na ghluais,  
 Grad bruchdaidh 'n uaigh a nios a mairbh.

'N sin erninnichidh gach cos is lamh,  
 Chaidh chur san arach fad o cheil;  
 'S bidh farum mor a measg tian cnamh,  
 Gach aon diu dol na aite fein.

Mosglaidh na fireanaich an tus,  
 Is duisgear iad gu leir o 'n suain,  
 An anamaibh turlingidh o gloir,  
 Ga 'n comhlachadh aig beul na h-uaigb.

Le aoibhheans togaidh iad an ceann,  
 'Ta am am fuasglaidh orra dlu ;  
 Is mar chraoibh-mheas fo' iomlan blath,  
 Ta dreach an Slanui shear 'nan gnuis :

Ta obair Spiòrad naomh nan gras  
 Air glanadh 'n naduir o 'n taobh-steach ;  
 'S mar thrusgan glan 'ta-umhlachd Chriosd,  
 Ga 'n deannabh sgiamhach o'n taobh 'mach.

Duisgear na h-aingidh suas 'n an deigh,  
 Mar bheisdibh gairisneach as an t-slochd ;  
 'S o ifrinii thig an anama truagh ;  
 Thoirt coinnibh uamhasach da 'n corp.

'N sin labhruidh 'n tanam bronach truagh,  
 R'a choluihn oilteil, uamhur, bhreuin,  
 " Mo chlaoidh ! ciod uine dh' eirighi thu  
 Thoirt peanas dubaitl oirn le cheil ?

"O ! 'n eigin domhsa dol aris,  
 Am priosun neo-ghlan steach a'd' chre ?  
 Mo thruaighe mi, gu 'n d' aontaich riamh,  
 Le d' ana-mianna bruidcilein !

"O 'm faigh mi dealach' riut gu brath !  
 No 'n d' thig am bas am feasd a' d' choir !  
 'N druigh teine air do chnamhaibh iairn !  
 No dibh-fhearg Dhe an struidh i t-fheoil !"

Eiridh na righrin 's daoine mor,  
 Gun smachd gun ordugh ann nan laimh ;  
 'S cha naithn'ear iad a measg an t-sluaidh,  
 O 'n duine thruagh bba ac na thrail.

'S na daoine uaibhreach leis nach b' fhiu,  
 Gu 'n umhlaccheadh iad fein do Dhia ;  
 O faic anis iad air an glun ;  
 Ag deanamh urduigh ris gach sliabh :

"O chreagaibh tuitibh air ar ecann,  
 Le sgaирnich gharbh do chlochaibh cruaidh,  
 Is sgriosaibh sinn a tir nam beo,  
 A chum 's nach faic sinn gloir an Uain !"

Amach as uamhaidh gabhidh thriall  
 An diabhal 's a chuid aingle fein,  
 Ge cruaidh e 's eigin teachd an lathair,  
 Ag slaoadadh shlabhruidh as a dheigh.

'N sin fasuidh rugha ann san speur  
 Mar fhair na maidne 'g eiridh dearg ;  
 Ag innseadh gu bheil losa fein,  
 A teachd na deidh le latha garbh :

Grad fhosgladh as a cheil na neoil,  
 Mar dhoras seomair an ard Righ,  
 Is foillsichear am Breitheamh mor,  
 Le gloir is greadhnachas gun chrioch.

Tha 'm bogha-frois mun cuairt da cheann,  
 'S mar thuil nan gleann tha fuaim a ghuth ;  
 'S mar dhealaineach tha scalladhl shul,  
 Aig sputadh as na neullaibh tiugh.

A ghrian ard-locharan nan speur,  
 Do ghloir a phearsa geillidh grad :  
 An dealradh drillseach thig o ghnuis,  
 A solus muchaidh se air fad.

Cuiridh si uimpe culaidh bhoirn,  
 'S bidh ghealach mar gun doirt' or' ful,  
 Is crathar cumhachdan nan speur,  
 A tilg nan reulta as am bun.

Bidh iad air uigh-deall ann san speür,  
 Mar mheas air geig re h-anradh garbh ;  
 Tuiteam mar bhraonaibh dh' uisge dlu,  
 'S an gloir mar shuile duine mhairbh.

Air charabad teine suidbidh se,  
 'S mun cuairt da beucaidh 'n tairneanach,  
 Ag dol le ghairm gu crioch na neamh,  
 'S ag reub nan neul gu doineannach.

O chuidhlibh charbaidh thig amach,  
 Sruth mor do theine laist' le feirg ;  
 Is sgaolidh 'n tuil ud air gach taobh,  
 Ag cur an t-snogh'l na lasair dheirg.

Leaghuidh na Duile 'nus le teas,  
 Ceart mar a lenghas teine ceir :  
 Na cinnic 's na sleibhte lasaidh suas,  
 'S bidh teas-ghoil air a chuan gu lgeir.

Na beanntaidh iargolt nach d'thug seach,  
 An storas rinnibh do neach d'an deoin,  
 Ta iud gu fialuidh tuosgadh 'mach,  
 An ionnhus leaght' mar abhuinn mhoir.

Gach neach bha sgriobadh cruinn an oir,  
 Le saunt, le dohheart, no le fail ;  
 Lan chaisgibh 'nis bhur 'n iota mor,  
 San nasguidh oluibh dheth o'n tuil.

O sibhse rinn bhnur bun don t-saoghail,  
 Nach dig sibh 's caocinibh e gu geur,  
 'N uair tha e 'gleacadh ris a bhas,  
 Mar dhuine laidir dol don eug.

A chuisleadh chleachd bhi fallain fuar,  
 Ri mireig uai'reach feadh nam gleann.  
 'Ta teas a chleibh ga 'n smuidreadh suas,  
 Le goilibh bnaidhreis feadh nam beann.

Nach faic sibh chrith tha air mu'n cuairt,  
 'S gach creag ag fuasgladh ann's gach sliabh  
 Nach eluinn sibh osmich throm a bhais,  
 'S a chridhe sguineadh stigh na chliabh.

An curtain gorm tha nunn o'n ghrein,  
 'S mu'n cuairt don chruinne che mar chleoc,  
 Crupaidh an lasair e'r'a cheil,  
 Mar mheilleig air na h-eibhlí beo.

Tha 'n t-aidheir ga thachd le neulla tiugh,  
 'S an toit na meallaibh dubh dol suas ;  
 'S an teine millteach sputadh 'mach,  
 Na dhualaibh cairengach mu'n cuairt.

Timchioll a chruine so gu leir,  
 Borb-bheucnidh 'n tairneanach gu bras :  
 'S bidh 'n lasair lomadh gloir nan speur,  
 Mar fhalaisg ris na sleibhte cas.

Is chum na doinionn atadh suas,  
 O cheithir airdibh gluaisidh ghaoth ;  
 Ga sgiurs' le neart nan aingle treun,  
 Luathach an leir sgrios o gach taobh.

Ta obair na se laith' rinn Dia,  
 Le lasair dhian ga chur na sgooil ;  
 Cia mor do shaoibhreas Righ na 'm feart,  
 Nach iunnadrain caesgradh mhile saogh' !

'M feadh tha gach ni an glacaibh 'n eng  
 'S a cruitheachd gu leir dol bun-oscionn,  
 Teannaidh am Breitheamh oime dlu,  
 A chum gach huis a chur gu ceann.

'N sin gluaisidh se o aird nan speur,  
 Air cathai a Mhordhachd fein a nuas,  
 Le greadhlaiches nach facas riabh,  
 'S le Dhiadhachd sgetudaichte mun cuairt.

Ta mile tairneanach 'na laimh,  
 A chum a naimhde sgrios am feirg,  
 Is fonn-chrith orr' gu dol an greim,  
 Mar choin air eill-re h-am na seilg.

Ta aingle gun aireamh ann na chuairt,  
 Le 'n suilibh suidhicht' air an Righ,  
 Chum ruith le ordúghasan gun dail,  
 'S na h-uile ait ga'n cur an guiomh.

O Iudas thig a nis a lathair,  
 'S gach nench rinn braithreas riut a'd gniemb,  
 An dream a dh'aichean creidimh Chríost,  
 No reic e air son ni nach b'shiach,

A shluagh gun chiall thug mian don or,  
 Roimh ghloir is asibhneas flaitheas De,  
 Bhur malairt ghorach suicibh nis,  
 'S an sgrios a thugh sibh oiribh fein.

'S a mbuaintir uaibhreach leis 'm bu nar,  
 Gu 'n cluinninte crabhadh dha 'n ar teach;  
 Faicibh a ghloir 's na b' iongnadh leibh,  
 Ged dhruid e sibh a' riogh'chd amach.

O Herod faic a nis an Righ,  
 D' an d'thug thu spid is masladh mor,  
 Ga ageudachadh le truegan ruagh,  
 Mar shuaicneas agallais air a ghloir.

Nach faic thu Breitheamh an t-saoghal  
 'S mar eudach uime 'n lasair dheirg  
 Ag teachd thoirt duais do dhaoine coir,  
 'S an sgrios luchd dobheirt ann am feirg?

Is thusa Philat tog do shnil,  
 'S gu 'm faic thu nis' a muga mor;  
 An creid thu gur e sud an Ti  
 A bhí an thu dhíteadh air do mhod?

An creid thu gur e sud an ceann,  
 Mun d' iath gu teann an sgitheach geur?  
 Na idir gur i sud a ghuins,  
 Air thilg na h-Iudhaich sileadh breun!

'M bu leor gur theich a ghrian air cul,  
 Ag diultadh fiadhnuis thoirt do'n gniomb?  
 Ciod uim' nach d'fhuair a chrutheneadh bas,  
 'N uair cheusadh air a chrann a TRIATH?

Cuiridh se ningle 'mach gach taobh,  
 Chum ceithir ghaothaibh 'n domhain mhoir,  
 A chnairteachadh gach aon don t-sluagh,  
 A steach gu luath s d'hionnsuidh mhoide.

Gach neach a dh' aitich coluinn riamb,  
 O'n ear 's iar tha nise teachd,  
 Mar scroth do bheanachaibh tighin mu gheig,  
 An deibh dhoibh eiridi 'mach o'n sceap.

'N sin togaidh aingeal gloirmhor suas,  
 Bratach Chriosd da'n sunicneas fuil;  
 A chruinneachadh na ghluais sa choir.  
 'S da fhulangas rinn doigh is bun.

Do m'ionnsuidh cruinничibh mo naoimh,  
 Is tionaillibh gach aon do'n dream,  
 A rinn gu dileas is gu dlu,  
 Le creideamh 's umhlachd ceangal leam.

'N sin tionsgnuidh 'm Breith' air cui's an la  
 Do chum a naimhde chur fo bhinn,  
 Is fosglaidh se na leabhr'ain suas,  
 Far am bheil peacadh 'n t-sluaign air cheimhne:

Fosglaidh se 'n cridhe mar an cendu,  
 Air doigh 'd gur leir don uile neach,  
 Gach uamharrachd bha gabhail tamh,  
 Air feadh an arois ud a steach :

'N uair chi'd an sealladh so dhiubh fein,  
 Is dearbh gur ler dhoibh ceartas De ;  
 'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as le nair  
 Nach lagha cradh na teine dian.

Togaidh an trompaid fride a suaim,  
 Na labhradh is na gluaiseadh neach ;  
 Air chor gu'n cluinn gach beag is mor,  
 A bhreith a thig air gach seort' amach.

"A dhaoinne sanntach threig a choir,  
 'S a leag bhur dochas ann bhur toic,  
 'S a ghlaist gu teann bhur cridhe suas,  
 'S a dhruid bhur cluas're glaodh nam boehd :

"An lomnochd oha do dhion o'n fhuachd,  
 'S don ocrach thruagh cha d'thug sibh biadh,  
 Ged lion mi fein bhur cisde do lou,  
 'S bhur treuda chur a moid gach bliadh.

"Ni bheil sibh iomchuidh air mo riogh'ochd,  
 As eugmhais firinn, iochd, is graidh :  
 'S o reub sibh m' iomhadh dhibh gu leir,  
 Agraibh sibh fein 'nar sgrios gu brath.

"I sibhs' bha guidbeachan gu dian,  
 Gu'n glacadh 'n Diabh'l bhur 'n anam fein,  
 'S mithich bhur n'urnuigh shreagradh dhuibh,  
 Sna h-abraibh chaoi'dh, Gur cruaidh am binn.

“ Is sibhs’ a riann bluar teanga’ fein,  
 A gheurachadh clum uile mar scian,  
 Le tuaileas, culchainnt, agus breug,  
 ‘S le blaibh eum do Dhia.

“ A nathraiche millteach ‘s oilteil greann,  
 Cha bhinn leam ceol bhur srannruich ard,  
 ‘S cha ‘n eisd o’r teangaidh ghobhlaich cliu  
 Le druchd a phuiscinn air a barr.

“ Is sibhs’ thug fuath do m’ ordugh naomb,  
 Is leis nach b’ ionmhuiun caomh mo theach ;  
 Leis am bu bhliadhna suidhe uair,  
 Am aros tabhairt cluais do m’ reachd.

Cionnas a mhíleas sibh gu brath  
 A’ m’ sheirbhis sabaid shiorruidh bhuaap,  
 Na cionnas blicir bhur n’ anam gradh,  
 Don ni da’n d’thig bluar nadur fuath?

“ Luchd miruin agus firmead mboir  
 Da’n doruinn iomlan sonas chait,  
 Le doilghios geur a cnamh bhur teang,  
 Mu aon neach oirbh fein bheir barr :

“ Cionnas a dh’ fleudas sibh gu brath  
 Lan shouas aiteach ann an gloir ;  
 Far am faic sibh millte dream,  
 Ga’n ardach os bhur céann gu mor ?

“ Am fad ‘s bu ler dhuibh seadh mo riogh’ ehd,  
 Neach b’ airde inbhe na sibh fein ;  
 Nach fadadh mirun ‘s sarmad cuirt,  
 Tein’ ifrin duilb am flaitheas De ?

" Is sibhs' ann slighe na neoghloin ghluaín,  
 'S gu sonraicht' thruaill an leaba phosd';  
 Gach neachl a thug do 'm naomhachd fúath,  
 Ga'n tabhairt suas gu-toil' na feol :

" Mar b' ionmhuijan leibh bhi losgadh 'n tea  
 Bhur n-uabhair dheasúich mi dhuibh fearg,  
 Leabuidh theth ann luidli sibh siós,  
 Am brachaibh-lin do lasair dteirg :

" Ged bheirinn sibh gu rioghachd mo ghoilir,  
 Mar mhuaibh steach gu seomar Rígh ;  
 Bhur nadur neoghlan bhiodh ga chradh,  
 Le'r miannaibh basuchadhbh chion bidh.

" Gach neach tha iomchuidh air mo riogh'chd,  
 Teannuibh sibhse chum mo dheis,  
 Is cruinnichibh seachad chum mo chli,  
 A chrionach o na crannaibh meas,"

'N sin tearbainidh se chum gach taobh,  
 Na caoraich o na gabhruibh lom ;  
 Ceart mar ni'm buachaille an treud,  
 'N uair chairteachais e spreidh air tom.

'N sin labhruidh se ri luchd a dheis,  
 " Sibhs' ta deasúicht le mo ghras,  
 Thigibh, sealbhuichibh an Rioghachd,  
 Nach faic a sonas crioch gu brath.

" Do spealg mi 'n geat bha oirbhæ duiant,  
 Le m' umhlachd 's m' fhulangas ro-gheur :  
 'S dh' fhosgail an t-sleádhlí gu farsuing suas,  
 Am leath-taobh doras nuadh dhuibh fein,

“ Chum craibh na beath’ ta ‘m Parrais De,  
 Le h-eibhlíneas teannaibh steach do ecir :  
 ‘S a fearta iongantach gu leir,  
 Dearbha bhur nuile chreuchd ‘s bhur leon.

“ An claidheamh blá ruisgte laist’ ga dion,  
 O laimh ar sinnsear Athdhamh ‘s Eubh,  
 Do rinn mi truaill dhé m’ chridhe dha,  
 ‘S a lasair bhath’ mi le m’ fhúil sein.

“ Fuidh dorsaich urair suidhibh sios,  
 Nach searg ‘s nach crion am feasd a blath ;  
 ‘S mar smeoarachibh a measg na geug,  
 Chum molaith gleusaibh binn bhur call.

“ Le a maise sasuichibh bhur suil,  
 Is oirbh fuidh sgail chara drugh an teas,  
 O a duillich churaidh oluibh slaint ;  
 Is bithibh neo-bbasmhór le a meas.

“ Gach uile mhíreas tha ‘m Parrais De,  
 Ta nis gu leir neo-thoirmisgt’ dhuibh ;  
 Itibhbh gun eagal o gach geig,  
 A nathair nimh écha teum a choidhch.

“ Is uile mhiann bhur n-anama fein,  
 Lan shasuichibh gu leir ann Dia,  
 Tobar na firinn, iochd, is graidh,  
 A mbaireas lan gu cian na ‘n cian.

“ Mor-innleachd iongantach na slaint,  
 Sior rannsuichibh air aird ‘s air leud,  
 ‘S feadh oibríche mo rioghachd mhoir,  
 Bhur n-eolas miannach cuirbh’ meud.

‘Bhur n-aoibhneas, mais, bhur tuig’s ‘a bhur gradh,  
 Bitheadh gu siorruidh fas ni ‘s mo :  
 ‘S ni ‘n-coinnich sibh aon ni gu brath,  
 Bheir air bhur n-anam cradh no leon.

“Cba n-fhacadh suil, ‘s cha chuladh claa,  
 Na thaisg mi suas do shonas duibh,  
 Imichibh, ‘s biodh bhur dearbhaileachd fein,  
 Sior-innseadh sgeul duibh air a chaoidech.”

Ach ris a mhuiintir th’ar a chli,  
 Labhruidh se ‘na dhioghaltas erneidh,  
 “A chuideachd nach d’thug gradh do Dhia,  
 A chum an diabhnl siubhlaiibh uam.

“‘S mo mhalluchd maille ribh gu brath,  
 A chum bhur cradh ‘s bhur cur gu pian :  
 Gluaisibh chum an teine mhoir,  
 Dar rosadadh ann gu cian nan cian.”

Mar a sgain an talamh as a cheil,  
 ‘N uair ghabh e teaghlach Chorah-steach,  
 Ceart laimh riu fosglaidh ‘n uamh a beul,  
 ‘S i miananaich air son a creich.

Is mar a shluig mhuc-mhura mhor,  
 Ionas ‘n uair eibhlidh thilgenda ‘mach,  
 Ni slugan dubh an dara huis,  
 A charabad iathadh umpa steach.

San uamhaidh taobhaidh iad re cheil  
 A ghuais nam beatha gu h-eucorach :  
 Luchd mionn ‘is mortaidh ‘s fia’nis bbreig ;  
 Luchd meisg is reibinn ‘s adhaltranais,

Mar chualraig dhris an ceangal-teann,  
 Ann slabhruidh tha gach dream leo fein is  
 'S an comann chleachid bhi 'n eaidreamh dle,  
 Mar bhioraibh roiste dol nan cre.

Mar leomhan garg fuidhchuibhreach cruidh,  
 Le thoscaibh reubadh suas a ghlaist  
 An slabhruidh eagnuidh iad gu dian,  
 'S gu bratli cha ghéarr am fiacail phrais.

Bidh iad gu siorruidh 'n glacaibh bhais  
 'San eridhe ga fhasgadh asd' le brón,  
 Ceangailt air euan do phronnasc laisde  
 'S a dhéatach uaine taichd', an sron.

Mar spairneig-fuaighte ris an seoir,  
 Tha iad air creugaibh goileach teann;  
 Is bibli-fheirg Dhe a seideadh chluain,  
 Na thounaibh buaidhreis thair an ceann.

'N uair dhuineas eodal cruidh an suil.  
 Teas feirg 's an-dochas dnisgidh iad;  
 A chnuinni nach basuich 's eibhlé beo,  
 Ag eur an doruinn shiorruidh 'meud.

Air ifrinne 'n uair a gheibh iad sealbh,  
 'S lan-dhearbha co ga 'n toir iad eis,  
 Feudidh sinn an gearan truagh,  
 Chur ann 's na briathraibh cruidh so sion.

"O staid na neò-ni 'ni robl: mi 'm thamb,  
 Ciod uiine dh'arduech Dia mo cheann kish no  
 Mo mhile malluchd aigran la oisidh i ro daic,  
 'N do gbabh molmhathair mi na broin.

“ Ciod uime shuair mi tuigse riabh ?  
 No ciall is reusan chum mo sdiar ?  
 Ciod uim’ nach d’rinn thu cuileag dhiomad  
 No durrag dhiblidh ann san uir ?

“ Am mair mi ‘n so gu saogh ! nan saogh !  
 ‘N dig crioch na caochludh orm gu brath  
 Am bheil mi nis san t-siorruidheachd bhuan  
 ‘A snamh a chuain ata gun traigh ! ”

“ Ged aiream mile resulta neamh,  
 Gach feur is duillich niamh a dh’fhas,  
 Ma’ ris gach braon ata sa chuan,  
 ‘S gach gaineamh chuairtioas an traigh.

“ Ged chuineam mile bliadhna seach,  
 As leth gach aon diubh sud gu leir,  
 Cha d’imthich seach don t-siorruidheachd amher,  
 Ach mar gu ‘n toisicheadh i-‘n de.

“ Ach O ! ‘n do theirig trocair Dhia !  
 ‘S am pian e mi gu saogh ! nan saogh !  
 Mo shlabhruidh ‘n lasuich e gu brath !  
 No glas mo lamh an dean e sgaoil ! ”

“ ’M bi ‘m beul a dh’orduich Dia chum sein  
 Air feadh gach linn a chliu gun sgios,  
 Mar bhalagan-seididh fadadh suas  
 Na lasraich uain ann isfrinn shios ! ”

“ Ged chaidh mo thruaighe thair mo neart  
 Gu deimhin sein is ceart mo bhinn ;  
 Ach c’fheadh bhios mi ‘n so gam chradh,  
 Mu’m bi cheartas saitheach dhiom ! ”

" No 'm bi thu dioile dhiom gu brath.  
 ' N deach laghan naduir chuir air cul?  
 Mo thruaighe mi! 'ne so am bas.  
 A bhagair thu air Adhamh 'n' tus?

" Air sga do dhio'itas 'm bi thu sniomh  
 Snathain mo bheath' gu siorruidh caol?  
 Nach leor bhi mile bliadhna gam loge,  
 As leth gach lochd rinn mi 's t-saogh?

" Ged lean do dhio'itas mi gu m' chul,  
 Cha 'n arduich e do chliu a Dhe,  
 'S chan fhiu do d' Mhordhachd t-fhearg a oboid,  
 Air comhartha so bochd' rium sein.

" O Dhia! nachs grios thu mi gu tur?  
 'S le 'd chumachd cuir air m' anam crioch,  
 'S gu staid na neo-ni tilg mi uait,  
 Far nach 'eil fulang, smuain, no gniomh.

" Ach O! se so mo thoilteas fein  
 Is ni bheil cu-coir bunntain rium;  
 Oir dhint mi taigse shaor do Chriosd,  
 'S nior ghabh mi da fhuil phriseil suim.

" Mo choguis ditidh mi gu brath,  
 An fhia' nais bha ga 'm chaineadh riamb;  
 An-iocld no eu-coir ann mo bhas,  
 Cha leig i charamh 'm feasd air Dia.

" Do thiilg mi aitheanta air mo chul,  
 Is rith mi duthrachdach gum sgrios,  
 Is fhia'nais fein 'a m' chridhie mhluich,  
 Ag druid mo shuile roimh mo leas.

“ Cia meud an dioghiltas tha dhomh’ dual  
 As lethi mo pheacaidh namhor dan! Am peac’ thug du’lan do fhujl. Chriosd,  
 ‘S a dh’fhag gun eiseachid briogh a bhais.

“ Gidheadh nach ‘eil do Bhuaidhean fein  
 Neo-chriochanach gu leir o-chian? ‘S an d’thoir mo chionnt air iochd, ‘s air gradh,  
 Gu’m fas iad criochanaicht ann Dia?

“ Bheil comas duit mo thilgeadh unit  
 Far nach cluim do chluas mo screid?  
 ‘M bheil dorchadas ann ifrimm fein  
 Far nach leir do Dhia mo staid?

“ Ann d’ aoibhneas ionlan, ‘n eisd do chluas  
 Re creuntair truagh a rinn do lamh,  
 Ag eigheach, Athair! gabh dhiom truas,  
 ‘S leig fuarach do ghoil-eas mo chinamh?

“ Eisd o mo Dhin! mo thagrath bochd,  
 ‘S gach osna ghoirt ta teachd a ‘m chliabb,  
 ‘S aon athcheinne do iarram ort,  
 Taireis gach lochd a rinn mi riamb:

“ ’N uair ghuileas mi deich mile bliadhna!  
 San lasair dhian so sein-gam ehradh,  
 ‘N uair sgitheas deambain bli gam phian,  
 O deonuich Dhia gu’m faidh mi bas!

“ Ge truag mo ghuidhe cha’n eisder:  
 Is fois na fedh cha’n fhaidh mi chaoideh!  
 Ach beatha neo-bhasimhior teachd as ur  
 Gu’m neartuch’ ghiulan tuille claoi.”

**Ach stad mo Rann is pill air t'ais  
 O shlochd na casgraidl dhéin a nios,  
 Is feuch ciomas a bheir thu seol  
 Do 'n dream tha beo nach'd'theid iad sios.**

**A leughadair a bheil e fior,  
 Na chuir mi cheana sios am Dhan?  
 Ma se 's gu bheil thig 's lub do ghlun  
 Le urnuigh 's aithreachas gun dail:**

**A dh' ionnsuidh Iosa téigh gu luath,  
 Ag gabhail grain is suath do d' pheac,  
 Le creideann fior thoir umhlachd dha,  
 Ann uile aitheanta naomh a-reachd.**

**Gabh riis na oifigibh gu leir,  
 'S re h-aon diubh na cuir fein do chul;  
 Mar Fhaidh, mur Shagart, is mar Righ,  
 Chum slainte, didean, agus iuil.**

**Biodh eisiomplair am beachd do shúl,  
 Chum d' uile ghluaásachd sdiur da reir,  
 'S gach meadhon dhi' ordnuich e chum slaint  
 Bi fein gan gnathuchadh gu leir.**

**As fhireantaehd dean bun a mhain;  
 'S na taic gu brith re d' thoillteas fein;  
 'S ma's aill leat eiseachd bhi na ghras,  
 Na h-alltruiu peacadh daimh at d' ehr.**

**Mar sin ged tha do chionta mor,  
 Chum gloir do Thighearn sáorar thu,  
 Is chum do shomas siornu ill fein,  
 Air feadh gach re aig seinn a chlin.**

## BRUADAR.

Air bhith dhomhsa ann am shuan  
 Re bruadar diomhain mar tha each,  
 Bhi glacadh sonais o gach ni;  
 Is e gam dhibreadh ann's gach ait.

Air leam gun d'thainig neach am choir,  
 'S gu'n dubh'rt e riom, "Gut gorach mi,  
 Bhi smouainteach greim a ghleidh' don ghráith,  
 No fos gun lion an saogh'l mo chri'.

" Is diamhain duit bhi 'g iarruidh eaimh,  
 'N aon ni' no'n ait air bith fuidh 'n ghein;  
 Cha chlos do d' chorp an taobh so 'n uaign,  
 No d' anam 'n taobh so shuaimhneas De.

" N tra dh'ith Adhamh 'meas an tus,  
 Am peacadh dhruigh e air gach ni;  
 Lion e na h-uile níl saothair,  
 Is dh'fhag e 'n saogh'l na bláiste crit.

" Air sonas anma chail e choir,  
 Ma'ris gach solas bha'n sa għarr:  
 O sin ta shliocħd nan deorāibh truagh;  
 Mar uain a mearachd air a mbathair.

" Re melich chruaigh ta'd ruith gach ni,  
 Ann duil gu 'm faigh an intinn clos:  
 Ach dhoibh ta 'n saogh'l gun iċċid no tress,  
 Mer mbuime ċeitahieħi fuair gun tius.

" Mar sin thaind gun shois no tumb;  
 Ga 'n saruch' glacadh faileas bhreig';  
 'S ag deol toil-inntin o gach ni,  
 Is ind mar chiocha seasg nam beul.

" Bidh teanndachd eigin ort am feasd,  
 'S do dhochas faicsin fuasgladh d'fheum,  
 An comhnuidh dhuit mar fhad do laimh;  
 Ach gu brathachain flaignigh dheth greim:

" Cha teagaisg deuechain 's dearbha thu,  
 O dhuil is earbsa chuir ea bhreig,  
 A rinn doamhealladh mile uair,  
 'S co-fhada uait an diu sa de.

" An ni bumhoida'n d'thug thu iniam,  
 Nach d'fhag a mhealltuinn riambh e scarbh,  
 Tha tuille sonaisiannan duil,  
 Na tha 'n crun leibh na shealbh.

" Ceart mar an ros ata sa gharr,  
 Searguidh bhlath 'n uair theid a bhua;ur:  
 Mun gann a ghlasas tu o d'laimh,  
 Treigidh ailleo'sa shnuadh.

" Ni bheil neach o thrioblaid saor,  
 Am measg a chinneadh daon air fad,  
 'S co lionmhor osna aig an Righ,  
 Is aig an neach is isle staid.

" Ta smudan fein as ceann gach foid  
 Is doruinn ceangailt ris gach maith.  
 Than'n ros a fas air drisibh geur,  
 'S an taic' a cheil tha mhi san gath.

“ Ged fhaic thu neach ann saibhreas mor  
 Na meas a sholas bhi thair each :  
 An tobar ‘s gloine chi do shuil,  
 Tha ghruid na iochdar gabhail tamh ;

“ ‘S mu chuirens d’ anail e na ghlunais,  
 Le tarruing chubhaig suas a’ d’ bheul,  
 Duisgidh ‘n ruaghian dearg a nios,  
 ‘S le gaineamh lionaidh se do dheud.

“ ‘S ged fhaic thu neach ann inbhe ard,  
 Tha e mar nead am barr na craoibh ;  
 Gach stoirm a bagradh thilgeadh nuas,  
 Is e air luasgadh leis gach gaoith.

“ An neach is fearr tha ‘n saoghail a riari,  
 Tha fiarndh eigin ann na staid,  
 Nach dean a sheoltachd is a stri,  
 Am feast a dhireachadh air fad.

“ Mar bhata’ fiar, an ag huindh cheil,  
 Ata o’shuidheach fein doth chur ;  
 A reir mar dhireas tu a bharr,  
 ‘S co-chinnteach ni thu cam a bhun.

“ Na h-Iudhaich thionail beag no mor,  
 Don Mhanna dhoirteadh orra ‘nuas ;  
 ‘N uair chuir gach neach a chnid sa chlar,  
 Cha robh air barr no aon ni uaith ;

“ Mar sin ata gach sonas saoghail,  
 Ata thu faotainn ann a d’ laimh,  
 Fa chomhair saibhreas, ‘s iubhe cuart  
 Tha caitheamh, euram, agus cradh.

“ Ged charn thu or a d' shlige suas  
 Fa chomhair fasuidh 'n luaith da reir  
 Is go do chuir thu innte riogh'chd  
 A mheidh cha dirich i na deigh.

“ Tha cuibhrinn iomechuidh aig gach neach,  
 'S ged tha thu meas gur tuille b' shearr;  
 Cha d' thoir an t-anabarr tha'n'n a sud,  
 Am feasd an cudthrom as a chradh.

“ O iomluain d' inntin tha do phian ;  
 Aig diultadh 'n diu na dhiarr thu 'n de :  
 Cha chomasach an saogh'l do riar,  
 Le d' ana-mianna 'n aghaidh cheil,

“ Na 'm faidheadh toil na feol a run,  
 Da mianna bruidail dhiarradh sath ;  
 Flaitheas a b' aird cha'n iarradh i ,  
 Na annta sud bhi siorruidh snamh.

Ach ged a b' ionmbuinn leis an fheoil,  
 Air talamh comhnuchadh gach re :  
 Bhiodh duthrachd 'd arda agus d' uaill,  
 Co arda shuas re cathair De.

Ach nam b' aill leat sonas buan,  
 Do shlighe tabhair suas do Dhia,  
 Le duthrachd, creideamh, agus gradh,  
 Is sasuichidh e d' uile mbiann.

“ Tha 'n cuideachd sud gach ni san t-saogh'l,  
 Tha 'n comas daoine shealbach' fior;  
 Biadh, is eudach, agus slaint,  
 Is saorsa, cairdeas, agus, sith.”

Ann sin do mhoscail as mo shuain,  
 Is dh'fhag mo Bhruadar mi air fad :  
 'S do leig mi, dhiom bhi ruith gach sgail,  
 Is dh'has mi toilicht le mo staid.

### AN GAISGEACH.

CHA bu ghaisgeach Alastair mor,  
 Na Cesar thug an Roimh gu geill ;  
 Oir ged a thug iad buaidh air each,  
 Dh' shan iad nau traill' da miannaibh fein.

Cha ghaisg an ni bhi liodaird dhaoin,  
 'S cha chliu bhi ann an caonnaig tric :  
 Cha 'n uaisle innitin ardan borb,  
 'S cha treubhantas bhi garg gun iochd.

Ach 's gaisgeach esan a bheir buaidh  
 Air eagal beatha, 's uamhunn bais,  
 'S a chomhluicheas le misneach cri',  
 Na h-uile ni ata dha 'n dan.

Le gealtachd cionnt, cha teich air cul  
 'S au am an duisg a choguis fein,  
 A tagradh eisdidh se gu ciuin,  
 'S an ceartas duinidh se a bheul.

'S e 'n gaiseach esan bheir fuidh chis,  
 A thoil chum striochd do reusan ceart,  
 'S a smaintidh ceannairceach gu leir,  
 Bhi 'n ordugh geilleachdain da smachd.

'A mbianna bruidail saltruidh sios,  
 'S mar bhuill a chuirp fuidh chis ataid,  
 'S cha 'n irislich e fein da 'n riar,  
 O nach gu riaghlaadh rugadh iad.

San oidhch 'n uair luidheas e chum suain,  
 Bidh shubhalicean mu'n cuairt da fein,  
 Mar shaighdearain an tiomchioll Righ,  
 Ga dhinean o gach namhaid treun.

'S a mhaduin 'n uair a dheireas suas,  
 Cruinnichidh smuainteadh as gach ait,  
 'S e fein nan ceann mar chaipitin seolt,  
 Ga 'n suidbeach' ann an ordugh blair :

Chum cogadh 'n agbuidh miann na feol,  
 Gach bochduinn, 's doruinn 'ta san t-saogh'!,  
 Gach ribeadh is gach inntleachd bais,  
 Ta 'n deamhan gnathach 'n aghaidh dhaoin.

Ta inntinn daingion mar a chreug,  
 Cha charuich eagal e no fiamh :  
 Ta shuilean furachar is geur,  
 Is leir dha 'n dubhan troi 'n a bhiadh.

Gu diamhain nochduidh 'n saogh'! a' ghoil.  
 Geach'or is inbhe ata ann ;  
 Ta saibhreas aig co paitl na chri,  
 'S gur truagh leis Righ is crun mu cheann.

Is ge do sgoil an striopach lion,  
 Gu ghlac' le inntleachdaibh a mais;  
 Cha druidh air dealanach a suí,  
 'S cha leaght i run le miannaibh laist.

A namh cha choisín air gu brath,  
 Ged fhaigh e saruchadh re h-uair;  
 'S e neart 's a shlainte eridhe bruit,  
 Is air a ghluinibh bheir buaidh.

'S i 'n fhirinn għlan is clogaid da,  
 Is gras a chreideimh aig mar sgiath;  
 'S e'n scriobtuir naomh a chlaidheamh geur  
 'S a mhiseach ta gu leir annu Dia.

Ta siothchaint aig 'na inntinn fein,  
 'S a choguis reidh ris ann 's gach ni;  
 Ta saibhreas aig nach leir do dhaoin,  
 Is air nach cuir an saoħġ'l so erioch.

Ri miodal tla cha 'n eisd a chluas,  
 Is sgainnl għrannd cha bhuaire a shith,  
 Cha għabb e eagħal a' droch sgeul,  
 Is tuaileas breig cha lot a chri.

'O m' anam ! duisg is deasiuċċ d' airm,  
 'S gabh farmad ris a ghaisgeach threun,  
 Is d' anamianna cuir fuidh chis,  
 Chum riogħ'ehd a cheannsach annad fein.

Biodh d' inntin ard oscionn nan speur,  
 Cha 'n 'eil fuidh 'n għrein ach persan truagh;  
 Mar tholman uire faic an saoħġ'l,  
 Is daoin mar sheangain air mu 'n cuairt:

A nunn 's a nall gun fhois gun tamh  
 Ag eruinneach as għach ait da 'n eisd  
 Gu lionmhor marċaċċid thair a cheil  
 'S a trod gu geur mu bhioraq brist.

'N uair chi thu 'n sealladh so don t-sluagh  
 Do smuaintidh cruinnich riut gu leir,  
 A shealbhach saibhreas, sonas, 's sith,  
 Air nach d' thig crioch a' d' anam fein.

### AN CLAIGEAN.

'S mi 'm shuigh aig an uaigh,  
 Aig amhare mu bruaich,  
 Feuch Clraigionn gun snuagh air lar ;  
 Do thog mi e suas,  
 Ag tiomach gu truagh,  
 Ga thionndadh mu 'n cuairt am laimb.

Gun aille gun dreach.  
 Gun aithne gun bheachd ;  
 Air duine theid seach na dhail :  
 Gun shiacal na dheid,  
 No teanga na bheul,  
 No slugan a ghleusas cail.

Gun ruiteag na ghruidh,  
 'S e ruisgte gun ghruiag ;  
 Gun eisdeachd na chluais do m' dhan  
 Gun anail na shroin,  
 No aile do'n fhoid,  
 Ach lag far 'm bu choir bhi ard.

Gun dealradh na shuil,  
 No rosg uimpe dum,

No fradharc ri h-iul mar b' abh'sd  
 Ach durroga crom,  
 A chleachd bhi san tom,  
 Air claodhach' da tholl nan ait.

Tha n' teanachain bha 'd chul,  
 Air tionndadh gu smur,  
 Gun tionnsgal no surd air d'fheum :  
 Gun sinuainteach a' d' dhail,  
 Mu philleadh gu brath,  
 A cheartach' na dh'fhang thu 'd dheidh.

Cha 'n innis do ghnuis,  
 A nise cia thu,  
 Ma's righ no ma's diubhc thu fein :  
 'S ionann Alastair mor,  
 Is traillie dhith loin,  
 A dh'eug air an otrach bhreun.

Fhir dheanamh na h-uaigh,  
 Nach cogair thu'm chluais,  
 Co 'n clraiginn so shuair mi 'm laimh ?  
 'S gu 'n cuirinn ris ceisd,  
 Mu ghna mu 'n do theasd ;  
 Gar am freagair e'm feasd mo dhan.

'M bu mhaighdionn deas thu,  
 Bha sgiamhach a' d' gnuis,  
 'S deadh shuidheach a' d' shuil da reir ?  
 Le d' mhaise mar lion,  
 A ribeadh mu chri,  
 Gach ogainich chiodh thu.

Tha nise gach agh,  
 Bba coisinn duit graidh,  
 Air tionndadh gu grain gach neach :  
 Marbhasc air an uaigh,  
 A chreach thu do'n bhuaidh,  
 Bha ceangailt' re snuadh do dhreach.

No 'm breitheamh ceart thu,  
 Le tuigs' agus iul,  
 Bha reiteach gach euis d'on t-sluagh ;  
 Gun aomadh le pairt',  
 Ach cito gu bas,  
 Na h-eucor bha daicheil cruaidh ?

No 'n do reic thu a choir,  
 Air ghlacaid do'n or,  
 O 'n dream ga 'n robh storas pait ?  
 Is bochdan an t-sluaign,  
 Fuidh fhoirneart ro chruaidh,  
 Aig fulang le cruas na h-airc.

'S mur robh thusa fior,  
 Ann 'd oisig am binn,  
 'S gun d'rinn thu an direach fiar ;  
 'S co chinnteach an nj,  
 'N uair thainig do chrioch,  
 Gu 'n deachaидh do dhit' le Dia.

No 'n robh thu a d' leigh,  
 Aig leigheas nan creuchd,  
 'S a deanamh gach eugcail slan ?  
 A' d' ioe-shlaintibh mor,

Aig deanamh do bhosc,  
Gu 'n dibreadh tu choir o'n bhas?

Mo thruaighe gun threig,  
Do leigheas thu fein,  
'N uair bha thu fuidh eugeail chruaidh;  
Gun fhoghlaigh gun sta,  
Am purgaid no 'm plasd,  
Gud chumail aon tra o'n uaigh.

No 'n seagalair thu,  
A choisinn mor-chliu,  
Le d' sheoltachd a sdiu'radh aim?  
Air na inbhde toirt buaidh,  
Ga 'n cur ann san ruaig,  
'S ga 'm fagail nan cruachaibh marbh:

'N robh do chlaidheamh gun bheart,  
No 'n 'd flagh thu do neart,  
'N uair choiunnich thu feachd na h-uaigh,  
'N uair b' eigin duit geill,  
A dhaindeoin do dheid,  
Do dh' armaitl' a bheistidh truagh?

Tha na durraig gu treun,  
Re d' choluinn cur seisd,  
'S ag coisne' ort feisd gach la:  
Is claign do chinn,  
Na ghearasdan dion,  
Aig daolagaibh diblidh an tamh:

Paict claodhach' do dheid,  
A steach ann a' d' bheul'

'S cuid eile aig reub do chluas ;  
 Dream eile nan scud,  
 Tigh'nn amach air do shuil,  
 A spinneadh 's a rusg do ghruaidh.

No m' fear thu bha poit.  
 Gu tric a stigh osd,  
 'S tu cridheil ag ol nan dram ?  
 Nach iarradh dbuit fein,  
 Do fhlaitheanas De,  
 Ach beirm a bhi 'g eiridh a'd' cheann ?

Nach iarradh tu cheol,  
 Ach mionna mu'n bhord,  
 Is feuchain co 'n dorn bu chruaidh :  
 Mar bho no mar each,  
 Gun tuigse gun bheachd,  
 'S tu bruchdadh sa sceith mu'n chuaich ?

Na 'n duin' thu gha gluas'd,  
 Gu cionalta suaire,  
 Gu measaradh stuam mu d' bhord ;  
 Le miannaibh do chre,  
 Fuidh chuibhreachadh geur,  
 'N am suidhe gu feisd 's gu sogh ?

No 'n geocaire mor,  
 Bha gionach air lon,  
 Mar choin ann am feolach dearg ;  
 Ag toileach' do miann,  
 Pha duilich a riad,  
 'S tu geilleadh mar dhia do d' bholg ?

Tha nise do bhru,  
 Da 'n' robb thu a lub,  
 Do ghaincambh 's do uir gle lan :  
 'S do dheudadh air glas,  
 Mu d' theangaidh gun bhlas,  
 Fuidh gheimhlichibh prais a bhais.

No morair ro mhor,  
 A thachair am dhorn,  
 Neach aig an robb coir air tir ;  
 Bha iochdmhar re bochd,  
 A cluthach nan nochd,  
 Reir pailteas a thoic 's a nthi ?

No 'n robb thu ro chruaidh,  
 A fionnadh do thuath,  
 'S a tanach an gruaidh le mal ;  
 Le h-agartas geur  
 A glacadh an spreidh  
 'S am bochduinn ag eimheach dail ?

Gun chridh' aig na daoin,  
 Bha'r lomadh le h-aois,  
 Le 'n' clraiginnibh maola truagh ;  
 Bhi seasamh a' d' choir,  
 Gun bhoineid nan dorn  
 Ge 'd tholladh goth reot an cluas :

Tha nise do thrail,  
 Gun urram a' d' dhail,  
 Gun ghearsom' gun mhal' gun mhod ;  
 Mor-mholadh do'n bhas,

A chasgair thu tra,  
 'S nach d' fbuiling do straic fuidh 'n fhoid.

No 'm ministeir thu,  
 Bha tagradh gu dlu,  
 Ri pobull ann ughdasas De;  
 Ga 'm pilleadh air ais,  
 Bha 'g imeachd gu bras,  
 Gu h-ifrinn na casgradh dhein ?

No 'n robh thu gan sgoinn,  
 Mar mhuime mu chloinn,  
 Gun churam a h-oighreachd Dhe ;  
 Na 'm faigheadh tu 'n rusg,  
 Bha comadh co dhiu,  
 Ma 'n t-sionnach bhi stiubhradh an treud ;  
 Leam 's cinnteach gun d'shuair,  
 Do dheanadas duais,  
 'N uair rainig thu 'm Buachaille mor :  
 'N uair chuairtich am bas,  
 A steach thu na laith'r,  
 Thoirt cunntas a d' thaluinn do.

No 'n ceann thu bha lan,  
 Do dh' inntleachdaibh bais,  
 Gu seolta ga 'n tadh' r'a cheil ;  
 Ga'n cuir ann an gniomb,  
 Gun umhail gun fhiamb,  
 A freagradh do Dhia nan deigh ?

'N robh teangadh nam breug,  
 Gun chuibhreach fuidh d' dheud,

A tog'ail droch sgeul air each ;  
 Gath puisein do bheil,  
 Mar naithir a teum,  
 'S a lotadh nan ceud gach la ?

Tha i nise na tamb,  
 Fuidh cheangal a bhais,  
 Gun sgainnil o plaidh na duth'ch :  
 Is durraga grannd,  
 Air lobbhtha na h-ait,  
 An deidh dhoibh a enamh gu cul.

'S mu lean thu do ghnath,  
 Gu leaba do bhas,  
 Gun tionndadh na thra re coi :  
 Car tamull na h-uair,  
 Dean flaitheas do'n uaigh,  
 Gus an gairmear thu suas gu mod :

Mar losgann dubh grannd,  
 Aig imeart a smag,  
 Gu 'n eirich thu 'n ard o'n t-slochd ;  
 Thoirt coinneambh do Chriosd,  
 "Na thigheachd airc,"  
 A dh' fhaotuinn lac diola'dh ole.

'N uair theid thu fa bhinn,  
 Ni cheartas do dhit' ;  
 Ga d' fhogradh gu siorruidh uaidh ;  
 Gu lasair gu d' phian,  
 Chaidh dheasach 'do'n Diabh',  
 'Sa mballuchd gu dian ga d' ruag.

'N sin cruidhichidh Dia  
 Do chnaimhean mar iar'n.  
 'Is d' fheithean mar iallaibh prais ;  
 Is teannaichidh d' fheoil,  
 Mar innein nan ord,  
 Nach enamh i le moid an teas.

No 'n ceann thu 'n robh ciall,  
 Is eolas air Dia,  
 'S gun d' rinn thu a riad sa choir :  
 Ged tha thu 'n diu ruisgt',  
 Gun aithne' gun iul,  
 Gun teanga' gun suil' gun sron.

Gabh misneach san uaigh,  
 Oir eiridh tu suas,  
 'N uair chluinneas tu fuaim an stuic,  
 'S do thruailleachd gu leir,  
 Shios saguidh tu 'd dheigh,  
 Aig durrage breun an t-sluic.

Deastuchidh Dia,  
 Do mhaise mar ghrian,  
 Bhiodh 'g eiridh o sgiath na m' beann ,  
 Cur fradharc ro gheur,  
 'S na suile so fein,  
 'S iad dealradh mar reulta 'd cheann.

Do theanga 's do chail,  
 Ni ghleusa gun dail,  
 A chantuinn na aros clu  
 Is fosglaidh do chluas,

**A dh'eisteachd ri fuaim,**  
**A mholaidh th' aig sluagh a chuit.**

'N uair dhealruicheas Criosd,  
 'Na thigheachd a ris,  
**A chruiinneach na 'in firéann suas :**  
 'N sin bheir thu do leum,  
 Thoirt coinneamh dha fein,  
 Mar iolar nan speur aig luaths.

'N uuir dh'eireastu 'n aird  
 Grad chuiridh ort failt.  
**A mhealltuinn a chairdeas fein,**  
 Gun dealach' gu brath,  
 R'a chomunn no ghradh,  
**A steach ann am Parras De.**

Fhir chluinneas mo Dhan,  
 Dean aithreachas tra,  
 'M feadh mhaireas dō shlaint 's do bheachd;  
 Mu'n d'thig ort am bas,  
 Nach leig thu gu brath,  
 Air geata nan gras a steach.

### AN GEAMHRADH.

**Do theirig an samhradh,**  
 'S tha 'n geamhradh teachd dlu oirne,  
 Fior namhaid na chinneas,  
 Teachd a mhilleadh ar duthcha :

Ga saltairt fuidh chasaibh,  
 'S da maise ga rusgadh ;  
 Gun iochd ann re dadum,  
 Ach sladadh 's a plundruinn,

Sgaoil oirne a sciathan,  
 'S chuir e ghrian air a chulaobb ;  
 As a nead thug e 'n t-alach,  
 Neo-bhaigheil ga'r sgiursadh :  
 Sneachd iteagach gle-gheal,  
 O na speuraibh teachd dlu oirn,  
 Clocha-meallain 's goath thuathach,  
 Mar luaidh is mar fhudar.

'N uair sheideas e annail,  
 Cha 'n flag anam am flurain ;  
 Tha bheillium mar shiosar,  
 Lomadh lios do gach ur-ros :  
 Cha bhi sgeudach air coille,  
 No doire nach ruisg e ;  
 No sruthan nach tachd e,  
 Fuidh leachdanna du'-ghorm,

Fead reota a chleibhé,  
 Tha seideadh na doinionn,  
 Chuir beirm anr san fhaurge,  
 'S a dh' at' garbh i na tonnaibh ;  
 'S a bhinn'dich an clambuin,  
 Air airde gach monaidh,  
 'S ghlan sgur e na reultan,  
 D' ar peile le'n solus.

Tha gach beathach is duine,  
 Nach d' ullaich 'na sheason,  
 Ga 'n egiuras le gaillinn,  
 Gun talla' gun eudach :  
 'S an dream a bha gniomhach,  
 Fas iorgult mi-dheirceil :  
 Nach d'thoir iasachd do leisgean,  
 An san t-sneachda ged eug e.

Tha 'n seillean 's an seangan,  
 Bha tional an storais,  
 Le gliocas gun mhearchd,  
 Tabhairt aire don doruinn :  
 'G ithe bidh 's ag 'ol meala,  
 Gun ghainne air lon ac,  
 Fuidh dhion ann san talamb,  
 O anail an reota.

Tha na cuileoga ciatsfach,  
 Bha diamhain san t-samhradh,  
 'S na gathannaibh greine,  
 Gu h-eibhinn a dannsa ;  
 Gun deasach 'gun churam,  
 Roimh dhuldach a gheimhraidh :  
 Tha iad nise a' basuch',  
 Ann sgach aite le teannntachd.

Ach eisd rium a shean-duin',  
 'S tuig an samhladh tha 'm stori,  
 Tha 'm bas a teachd tennn ort,  
 Sud an gheimhradh tha 'm oran :

'S ma gheibh e thu d' leisgean,  
 Gun deasach fa' chomhail,  
 Cha dean aithreachas criche,  
 Do dhionadh o'n doruinn.

Gur mithich fas diadhuidh,  
 'S do chiabha air glassadh,  
 Na 'm bearnaibh do dheudach,  
 Is d' eudan air casadh;  
 Do bhathais air rusgadh,  
 'S do shuilean air prabadh,  
 Agus croit ort air lubadh,  
 Chum na h-uire do leaba'.

Tha na sruthana craobhach,  
 Bha sgaoileadh a' d' bhallaibh,  
 Gu mireagach buailteach,  
 Clis gluasadaech tana;  
 A nise air traoghadh  
 O n' taomachadh thairis,  
 O ragaich is dh' fhearrach  
 Teas uabhair na fala.

Balg-seididh na beatha,  
 Tha air caitheadh gun fheum ann,  
 'S o chrup ann a' d' chhabh e,  
 Gur h-e phian bhi ga sheideadh :  
 Tha 'n corp d' chruit chuid ord,  
 Air diultadh dbuid gleusadh,  
 'S comhthir' cinnti air a thainguidh,  
 Bhi lasach, a theudan.

Theich maduinn na h-oige,  
 Is treoir mheadhon laithe,  
 Tha 'm feasgar air ciaradbh,  
 'S tha ghrian ort a luidhe;  
 'S mu bha thusa diambain,  
 Gun ghniomh is gun mhaiteas;  
 Gu h-ealamh bi d' dhusgadh,  
 Mu'n duintheart ort flaitheas.

Reir caithe na beatha,  
 'S tric leatha gun crioch i;  
 Bidh 'n cleachda fas laidir,  
 Doth-fhasach o'n inntinn;  
 Na labhair an sean-fhocail,  
 'S deimhin leam fior e,  
 "An car theid san t-seann-mhaid  
 "Gur h-ainmici leis direadbh."

Ach organaich threibhich  
 Thoirs' eisdeachd dom oran,  
 'S leig dhiot bhì mi-cheillidh,  
 Ann ceatain na h-oige:  
 Tha aois agus ea-slainst,  
 Air do dhbeidh ann an toir ort;  
 'S mu ni h-aon aca greim ort,  
 Phillidh d' aoibhneas gu bron duit.

An aois ata 'n toir ort,  
 Bheir i leon ort nach saoil thu;  
 Air do shuilibh bheir ceathach,  
 Is treabhuidh si d' aodan;

Bheir i crithe-reo mu d' ghruaige,  
 'S neul uaine an aoig leis,  
 'S cha d' thig aiteamh na grian ort,  
 Bheir an liath-reo a' chaoi dhio.

Bheir na's measa na sud ort,  
 Failne tuigse is reusain;  
 Dith leirsin a d' intinn;  
 Dith ealaing agus geire;  
 Dith gliocais chum gnothaich;  
 Dith mothach a d' cheudfad; 'S gu'm fas thu mar leanabh;  
 Dhith spionnadh is ceille.

Fasuidh 'n eridh' neo-aithreach,  
 'S neo-ealamh chum tionndadh;  
 Aon tagradh cha druigh air,  
 'S cha lub e da ionnsuidh:  
 Ceart mar tha 'n talamh,  
 'N am gaillinn is teamndachd;  
 Ged robh milltean dol thairis,  
 Cha dean aile sa chausair:

Faic seasain na bliadhna,  
 'S dean ciall uath a tharuning;  
 'S ma's aill leat gu'm buain thu,  
 Dean ruadh'r ann san earrach;  
 Dean connadh san t-samhradh;  
 Ni sa gheamhradh do ghradh;  
 'S mu dhibreas tu 'n seasain,  
 Dhuit 's eigin bhi falamh.

'S mur cuir thu siol fallain,  
 Ann carraich na h-oige,  
 Co chinte 's am bas duit,  
 Cuiridh Satan droch phor ann;  
 A dh' fhusas na dhubbailc,  
 'S na luidheanna feola:  
 'S bidh do bhuan mar a chuir thu;  
 Mas subhaile no doibheart.

Ma bhios d' oige gun riaghlaigh,  
 'S d' anamiauna gun taod.riu,  
 Gu'm fas iad co fiadhaich,  
 'S nach srian thu ri d' tois iad;  
 Am meangan nach sniomh thu,  
 Cha spion thu na chraobh e;  
 Mur shineaas e gheugan,  
 Bidh fhreumhan a sgoileadh.

Tha do bheatha nec-chinnateach.  
 O 'n tinn a bheir bas ort,  
 Uime sin bi re dithchioll  
 Do shith dheanamh trathail:  
 'S e milleadh gach cuise  
 Bhi gun churam cur dail innit';  
 'S ionann aithreachas criche,  
 'S bhi eur sil mu Fheill-martuin.

Tha ghrian ann ana spearsaibh  
 Ruith reise gach latha;  
 'S i 'giorrach' do shaoghal,  
 Gach oidhche a luidhens.

'S dlu ruitheas an spala,  
 Troi shnath'naibh do bheatha :  
 Tha figheadh dhuit leine,  
 Ni besdin a chaitheamh.

'S ma ghoideas e dlu ort,  
 'S gun do dhuil bhi ri a theachd ;  
 'N sin fosglaidh do shuilean,  
 'S chi thu chuis thair a mithich :  
 Bidh do choguis ga 'd phianadh,  
 Mar scian ann a d' chridhe ;  
 'S co ionann a giulan,  
 'S luidhe ruisgt' ann an scitheach.

Faic a chuileag ga dite  
 Le sionntaibh an naduir,  
 'S o dhibir i 'n seusan,  
 Gur h-eigin di basuch' :  
 Faic gliocas an t-seangain,  
 Na thional eo trathail,  
 'S dean eisiomplair leanail  
 Chum d' auam a shabhal'.

## URNUIGH.

O TIGHEARN is a Dhia na glo:,  
 An t-Ard-Righ mor oscionn gach alcaigh,  
 Cia danadh ni air t-airm ro mhor  
 Le bilidh neoghan bhi ag luaidh !

Na h-aingle 's airde rinneadh leat,  
 Cia lag an heart ! 's cia d'all an iul !  
 Cia aineolach air t-oibre mor !  
 'S cia goird air do ghloir an cliu !

Am beachd do shuile fiorglan fein,  
 Cha 'n 'eil na reulta 's airde glan :  
 'S cha 'n 'eil na h-aingle 's naomha 'n gloir,  
 Ann lathair do Mhorachdha gun smal

Ach O an dean thu d'iosl. ch' fein,  
 A dheisdeachd enuimhe ann san uir !  
 Fuidh stol do chos ag gabhail tamb,  
 'S nach faic ach sgaile beag do d' gbnuis.

Na lasadh d' fhearg O Dhe nan dul,  
 Am feadh do dheanam urningh riut ;  
 'S mo pheacadh aidmhicheam le nair,  
 'S an truailleachd ghraineil ann sna thuit;

Mo chionut tha mar na sleibhte mor ;  
 Is leon iad mi le h-iomadh lot :  
 Ta m'anam bochd le 'n eudthrom bruit,  
 'S o m' shuilibh fasg 'nan deura goirt.

**THE END**

An comas duit Dhia nam feart,  
 Mo shaor' gun cheartas chur air cul !  
 'S mu shaorar le do throcar mi,  
 'M bheil neach san t-saogh' l a dhitean tu !

G  
A  
O  
G  
  
G  
'S  
G  
G  
  
Gie  
A  
Dr  
'S  
  
An  
'S a  
'S a  
Nach  
  
Dear  
'S a  
A bh  
'S o

Nach eigin duit mo sgrios gu brath,  
 Mur aicheun thu do cheartas geur!  
 Le m' chionnta oillteil, 's gann a dh' fhag  
 Mi iochd, no gras a' d' raoghain fein.

Gach uile mhallaechd ata sgriobht  
 Ann d' shocal fior le bagradh teann,  
 O Thighearn thoill mi air do laimb,  
 Gum biadh iad carnuicht air mo cheann.

Ge d' fhas na neamha dubh le graim,  
 'S mo bhual le tarnainich do neart;  
 Ge d' thilg thn mi gu ifrinn shios,  
 Gu siorruidh aid'icheam do cheart,

Gidheadh am feud an lasair threun  
 A sgoilteas as a cheil an tuil;  
 Drudhadh form trois umhlachd Chriosd,  
 'S mi gabhail dion a steach fuidh fhuil?

An fhuil a dhiol do cheartas teann,  
 'S a dhoirteadh air a chrann gu lar,  
 'S ann aisd' tha m' earbsa, O mo Righ  
 Nach dite manam air a sga.

Dean m' ionplad glan, O Dhia na sith!  
 'S an tobar iocshlaint bhrnehd a thaobh,  
 A bheir dhomh le beatha as a bhas,  
 'S o m' thraillealachd a ni misaor.

Daingnich ma chreideamh ann na bha.  
 Is beothaich gradh am ebridhe stigh,  
 Is neartuich mi chum umhlachd dha,  
 Ann uile aitheanta naomh a lagh.

O dean mi phlanndach ann an Criod !  
 'S mo chrionach brisidh mach le blath ;  
 Is bidh gach subhaile 's naomha gleus,  
 Mar mheas a lub mo gheug gu lar.

Gach inbhe 'n cuir thu mi ean t-saogh' i  
 Dean daonnan toilicht' mi le 'm staid ;  
 Ma's bochd, no beartach, tinn, no slan,  
 Do thoil gu brath biodh deant air fad.

O 's grasmhor Dia 'n air bheir e seach !  
 'S gu beachd tha DHIULTADH lan do GHRADH  
 'S fior-bheannachd ann an atharach dreach ;  
 Gach CROIS is CREACH a thig o laimh.

O buidheachas do Dhia nan gras  
 Chuir chugam slanui'fhear nam buadh ;  
 Eiric mo shaorsa chi na bhlas ;  
 'S an luach a phaidhair m' anam truagh.

'S e fein do chlaon a dhruim faoi m' chnail ;  
 Chum manam dhireadh suas gu Dia !  
 Chosd gach tiobhlaic th' agam uaithe,  
 Geur-chradh is osun' chruaidh do chliabhhar.

Mo smuaintidh talmhuidh tog gu neamh,  
 Is thoir dhamh earlas air do ghradh,  
 A dh' fhogras m' eagal uile uam,  
 'S a shaoras mi o uambunn bais.

'N sin atadh tonna borb a chuain,  
 Is beuchda' torrann chruaidh nan speur ;  
 Thigeadh crith-thalpuin, gort, is plaigh,  
 Bhios roinn a bhais gach taobh a theid.

Bi thus' a' d' Dhia do manam fein,  
 'S bidh iad gu leir dhomh 'n eairdeas graidh ;  
 Cha loisg an tein' gun ordugh uait,  
 Cha sluig an cuin, 's cha sgrios a phlaigh ;

Am feadh bhios cumhachd ann a d' laimh,  
 Bidh mise sabhailt o gach ole :  
 'S cha 'n eagal leam gu 'm bi mi 'n di,  
 Gu siorruidh, na gu 'm fas thu bochd.

Mo dhuthrachd, m' eagal, 's m' uile mhian,  
 A' m' Dhia tha comhlachadh gu' leir ;  
 Oir neamh, is talamh, 's ifrinn shios,  
 Ata iad do nio Righs' aig geill.

**CRIOCH.**

DA LAOIDH LE BEAN UASAL A BHÀ  
ANN AM BADEONACH.

Obh obh is obh obh obh mar tha mi  
Dhiobhail loin agus earadh don anam nach basaich,  
'S mi 'n doruin fuidh chumh 's neoshuthach a ta mi  
'Air tullich am aonars luchd mo ghaoil 'n dus magal.

'S mor maobhar bhi ciounail bhar iorgain mo chardean  
Mo ghionadh an truaileachd mo gluasad bhon tra sin,  
Mo chiontanibh lionmhòr 's mo ghniomhreubh 's malain  
Anz an cunart mo dbiteadh mar dhilibech Adhamh.

Ged bha n dilib ad cronaig thanaig sonas na thait  
Tha do brathair as sinne gad a thiridh gu a bhar  
Gu robuehan riomhach 's erun rioghail nach failne  
Mar ri coir air a noighreachd a dhaighnich a bhas dhut.

Ach so aobhar me thime tric sis minic mi maonar  
Mo cridhe do lubaidh ruidh gu dluith chum na daorsa,  
Tha 'n seann duine cho laider nach tar me dheth aomadh  
Thig struth sallach bho nuaran fad 's tha truileadh  
gun taomradh,

Ach se impidh do brathair dhutgach laithe bhi ga leannail  
Nuair bhos an neallach ged shareich grianach laider re  
gealladh [soiller  
Tog a chuing air do ghuailibh 's bhi do bhuanachd ris  
Cha neire i ri giulan bheir i lus dhut as fradharc.

**Meud do shonas an tra sin cha nar mi ga loinneadh.**  
 Biodh tighlaoraidh is tardan mar bh' agus na bhlóighidh,  
 Do pheac a leannail an tra sin ni u fhuagail ud dhéigiad  
 Biodh du gimeachd san nfhasaich mar bha m bachtadh  
 bho laoghaibh.

**Sna hanamianaibh graineal gham bu gnath leat bhi**  
 geileadh  
 'S guirsadh eas iad as aras mar airmaitl reubault,  
 Uile thruacleachd do naduir 's aobhar naire leat fein e  
 'N uair thig gras gu bhi rioghlaigh theid an striochdach  
 le cheile.

Ged tha usa gun ghluasad do chluasan gun claisneachd  
 Tha do chobhair as fuasgladh ar guailibh do Skuinigbear,  
 Cha neil do smachd ach re tiomadh theid gu finid sa  
 nasaich  
 'N uair a theid u. nun tharais bhi tu fallain na fhabhor.

Se gradh an athair doransuichte a thionnsgain an  
 tiochdead  
 Gach ni a gheall e o shiorruidheachd lan criochnaich a  
 mhac e  
 Dh-fhag e spiorad na sichaint toirt fianuis le fhoeal  
 'S mor bhuanach na dilib na gabh sgios bhi cur heachd  
 oir.

Bha tri pearsa na trianaid cho dion as do leith sa  
 Bha cunant bho shiorruidheachd a dheanamh cho  
 seasrúbach,  
 Tha n lagh air a riarrach 's lan diol aige a cheartas  
 Tha throcairren gloirmhaicht 's aobair dochais aige  
 peachach,

San bho innleachd a namhaid a thanaig am peacadh  
 Bas siorrhugh as truaidh an gin truaillidh a bhaige,

Grad għramaich re criosd mas a mian leat a sheachnadh  
 Tha e air a thairgse gu saor do clann daoine na fhocal.

Ann am briathraibh an tosgul tha cho maseach an  
 ordugħi

Gach neach gam beil tlachd ann taru ing faisg air an  
 conuidh,

Le gradh 's fior aidmheal cur do thaic ann a conuidh  
 A gimeachd na neart sa fuidh bhratach le dochas.

Ma bhios tusa gun sabhaladb chaidh tagail gun leisgeul  
 Tha stoc aige do rathan a gnath ort a freusdal,  
 Tha e komasach deonach ans aach doigh mar ēbhos  
 ceist ort.

Bheir e earnach 's biadh dhut nach criochnuich am  
 feasda.

Tha m' intinn an geall  
 A bhi thall thar Uisg Iordain ;  
 Mar ri Prionnsa na siochaint,  
 Be mo mhiann 's dol na cho'ail ;  
 Se ciopair na treud E.  
 Bheir e fhein orra faicill,  
 'As na h' eileamaibh cuantach,  
 Ni-E n' cuartachadh dhachaidh.

Se n' Ros E fo Sharon,  
 Se m' flur E fo Iesse ;

acadh  
bhaige,  
neachnad  
a fhocal.  
as each an  
sg air an  
eonuidh  
has.  
n leisgeul  
, har bhios  
nuich am

Se gaisgeach threubh Iudah ;  
 Cha chlaoidear a neart-seo ;  
 Se aillteachd thar each  
 'Thug mo ghradh-sa eo uor dha ;  
 'S Nuair bhios e as m' fhiachan,  
 Bidh mi cianail ro bhronach.

Bidh mi dubhach ga irraidi,  
 Fos n' iosal an connaidh ;  
 'S nuair a chi mi na mhairis' e ;  
 Bidh mi laiste le solas ;  
 Se m' ailleanan broileich  
 Se mo charrad s' m' fhearr posd E ;  
 Se mo Bhrathair a sine E ;  
 'S Tric s'is minio gam comhnadh.

Se fear gabhail mo leth aghaile,  
 Se sheasamh mo chorach :  
 S eftaigheas m' uile' fhiachan,  
 'S ni mo dhion bho gach doruinn :  
 A m' fad sa bhios mi air thoruis,  
 Bheir E n' cumantas ion domh.  
 'S nuair a philleas mi dhachaidh,  
 Cha bhi airc aig a bhor-dan.

Tha Mill is Bainne n' Canaan ;  
 Ged tha n' fhasachs' lan chrosibh,  
 'S ioma bruthadh gheibh sailtean,  
 'N each as fear gheibh an t'aiseag ;  
 Bha a' smachdaich sa throcair,  
 Bho m' oige man seach orm :  
 Se bu chainnt doibh le cheile,  
 Mi a threigsinn a pheacaidh.

Se clann dileas a chumhnaint,  
 As geir s' giursas a shlatsa;  
 Ach cha dealaich a chaoimhneas,  
 A chaoidh riu reir fhacail,  
 Si n' trioblaud an' fhuirneis  
 Am bi E, rusgadh an' seachrain,  
 Gus an iarr iad a throcar  
 Gun leonadh ga cheartas.

Gus am faic iad an truaighe  
 'S an gluasad gun fhaicill;  
 Thig an Lagh gá n' dian-ruagadh,  
 As gach bruach an rebh m' fasgadh,  
 'N uair ni a choguis a dusgadh;  
 Le sgrudadh geur bheachdail,  
 Ni I'mach dhoibh bhi caitle  
 Mur tionndaidh iad dachaidh.

'N uair a bha mi na m' reubalt,  
 Se fein a rinn iochd orm;  
 Mo phille le trocalr  
 Bho shligh doruinn s' leir-sgriosa;  
 Mar amhailt a griosaich,  
 'S pion E mi thairis;  
 Bhar criochan a namhaid:  
 Gu Fardoch a chlanna.

Tha cuibleachan Uine  
 Gu' dlu a dol seachad,  
 Dean mo sgeadacha sgiamhach  
 Le aodach iasad a Ghaisgich;  
 Leis am' faigh mi a bheannachd  
 A cheannuich E, daor dhom.

Ca n' ann le mi truaillidh  
Ach fhuil Uasail, chaidh thaomadh.

Dhath'nuadhaich E chumhnant,  
'S dhulbaich E ghealla :  
Se Captain mo shlainte E,  
'Bheir le ghras mi na choinneamh ;  
Tha gach latha mar bhliadhna  
Gus an criochuaich mi m' astar ;  
Gus am bi mi na fhainuis,  
Troimh an siorructheadh gail beachd air.  
Rinn Simeon solas  
'N uair fhuair e og E na ghlaicaih ;  
Le iorraslachd dh' iarr e,  
Comas triall sa dhol dachaidh.

## AN CRIOSDUIDH AIG BRUAICH IOR- DAIN.

Chuireadh an Dan a leanas d' ar n-ionnsuidh le fear-eolais, a dh' innis duinn gur ann le Diadhair ainmeil san Tuobh tuath a rinneadh e. Cha bhuin e dhuinn ain-meachadh o nach 'eil a chead fein againn; ach ma thig so gu laimh; creideadh e gu'n cuireadh e comain shonraicht oir an barrachd de 'n t-seorsa chur d'ar n-ionnsuidh.

Is dluth air abhainn Iordan mi,  
 'S tha 'n fheoil a' gabhail sgath;  
 Bu mhaith anis an dochus ud  
 Nach cuir gu bron no nair—  
 An dochus fhuair na h-athraichean,  
 Air carraig bhuan nan al,  
 Tre 'n d'fhuair gu tearuint' dhachaidh iad,  
 A steach do thir Chanain.

Tha 'n fheoil a' crith, 's cha'n iognadh e  
 Dol sios gu Iordan bais;  
 Tha sgail na h-oidhche ag iathadh orm;  
 'S tha cianalas a' fas:  
 Oir se tha romham siorruidheachd,  
 Nach tomhais grian no la;  
 An cuan ata neo-chriochanach,  
 Gun iochdar ann no traigh.

Ach tha mo chuil ri Slanuighear,  
 Bha grasmhor fad mo chuairt,  
 Sa threoruich troimh an fhasach mi,  
 Nach fag e mi san uair :  
 Ach fos g' an dean e teasairgin  
 Dhomh fein, sau t-seasamh chruaidh,  
 'S gun sgoilt e dhomh na h-uisgeachan,  
 'S gun ruig mi nunn le buaidh.

'Saan annsan tha mo mhuinighinn,  
 A chuir an cath bha cruaidh,  
 Ri naimhdibh laidir fuileachdach,  
 'S a thug amach a bhuaidh :  
 Thugadh buaidh air Satan leis,  
 Air peacadh, bas, is uaigh ;  
 'S do thaobh an t-sluaigh a ghradhaich e,  
 Am bas do shluig se suas.

Do cheartas thug se riarrachadh,  
 Is dioladh mar bu choir ;  
 'S an lagh ro-naomh cho-lionadh leis,  
 Bha orm's gu dian an toir ;  
 Is choisneadh saorsa shiorruidh leis,  
 Air Buaidhibh Dhe chuir gloir,  
 'N tra ghlaodh se, "Tha e criochnuichte,"  
 Se sud mo dhion 's mo threoir.

Na rinn 's na dh'fhuiling Slanuighear  
 Mar sud an' ait a shluaign,  
 'Se 'mhain is bunait thearnuidh dhomh,  
 'S cha n'e gach gras a fhuaire

'Se sud is dion 's is tearmunn domh,  
 Dol 'n coinneamh bais is uaigh,  
 'Se sud bheir dhachaidh sabhailt mi,  
 Do'n aite a'm faic mi 'n t-Uan.

Ach O ! 'm faigh neach cho-ghraineil rium  
 'S do nadur cho mi-naomh,  
 A choidhch' a steach 'na lathair-san,  
 Tha aillidh glan gun ghaoid.  
 Ach glanaidh fuil an t-Slanuighir  
 Mo grainealachd gu saor ;  
 Is gheibh mi'n sin do'n aros ud,  
 'Sa'm bheil muir-lan a Ghaoil.

Is mealladh mor, is gabhaidh e,  
 Th'air aireamh 'measg an t-sluaigh,  
 Le aideachadh gun ghrasan ac,  
 Dol 'n coinneamh bais na'n suain ;  
 Gun eagal orr' riomh shiorrauidheachd  
 A dh' iathas ump' gu luath—  
 Bidh gul is giosgan fhiacal ac,  
 A choidhch mar dhioladh duais.

Ach bheirinn comhairl amail orr',  
 Mu'u d'theid mo cheann 'san uir,  
 Gu'm pileadh is gu'n tionnd'eadh iad,  
 Gu teann gu Righ nan dul ;  
 Is ghuidhinn air a phairt ud dhiu,  
 Bhafad mo la dhomh dluth,  
 Gu'n duineadh iad ri'n Slanuighear,  
 Gun dail a chuir sa chuis.

Oir theirinn, 's thogainn fianuis air,  
 Thaobb Iosa, fear mo ghraidih,  
 Gur ceannard caomh is fialaidh e,  
 'S gu'n d' fhuair mi riabh e tlath ;  
 Gu bheil e truacant trocaireach,  
 Is paitl gu leoir 'na ghras ;  
 'S a mheuds' a chuireas dochus ann,  
 Gu'm bi iad beo gu brath.

Tha comain chuir an Tighearn orm,  
 Is dh'iarrainn chuir an' ceil,  
 Gu'n d' fholaidh e gu miorbhuleach,  
 Mo lochda diomhair fein :  
 Gu'n d' cheadaidh e, na shabhar dhomh,  
 Air 'ghras bhi deanamh sgeul—  
 Mo lochda 'chuir 'na lathair san,  
 'S do chach bhi 'g ailmheil fein,

Thaobb 'fhereasdail anns an t-saoghal dhomh,  
 Bu chaomh e, 's cha bu shearbh ;  
 Oir fhuair mi biadh is aodach ann  
 Mar d' fhuair mi maoin is ainm ;  
 Ach chum e suas air dochus mi,  
 'S cha b'ann air storas seilbh ;  
 'S na'm b'e a thoil, na throcair e,  
 Nis dheonuichinn bhi falbh.

Tha sluagh mo ghaoil 'smo bhraithreachas,  
 —Na braithrean caomb is treun—  
 A shiubhail troimh an phasach leam,  
 Air m' fhagail nis gu leir.

Is dh' fhag sud aon'rach cianail mi,  
 Mar eun air sliabh lis fein,  
 'S o dh'fhalbh an comunn diadhaidh-san,  
 Tha m'aigne triall 'nan deigh.

Ach feitheams' am an Tighearna—  
 Se ams', gu fier, a's fearr ;—  
 'S d'a thoil ro-naomhsan striochdar leam,  
 Tionnadh riaghluidh beath is bais :  
 'S tra thig an t-am a dh'orduich e,  
 An' ruintibh ghloir 'sa ghras,  
 Feuch, sud a nupn thar Iordan mi—  
 'Sa ghloir dha fein gu braith !

Sud thairis air gach buaireadh mi,  
 Gach cunnart cuain is gaoith,  
 Gach laigs is ciont is truaillidheachd.  
 Gach pian is gruaim is caoidh ;  
 Is sud a steach do'n luchuirt mi.  
 'Sa'm faic mi gnuis an Righ ;  
 'S na chomunn iomlan urail-san,  
 Gu'n seinn mi 'ehliu a choidhee !

L. M'D.

CHRIOCH.

